



ALBA | CHRUTHACHAIL

# Duaisean Luchd-ealain Lèirsinneach agus Luchd-ciùird 2025/26

---

#VACMAScotland

Stiùireadh Tagraidh



A' TOIRT SEACHAD MAOIN BHO  
AWARDING FUNDS FROM

**THE NATIONAL LOTTERY®**

# Clàr-innse

<b>Cruthan agus Cànanan Eile .....</b>	<b>03</b>
<b>Taic Ruigsinneachd gus Tagradh a Dhèanamh.....</b>	<b>03</b>
<b>Dè a tha ann am VACMA?.....</b>	<b>04</b>
<b>Ion-roghnachd .....</b>	<b>04</b>
Cò a dh'fhaodas tagradh a chur a-steach? .....	04
Cò nach fhaod iarrtas a chur a-steach? .....	05
<b>Fiosrachadh mu Mhaoineachaidh .....</b>	<b>05</b>
Cò air a ghabhas an t-airgead a chleachdadh? .....	05
Dè na rudan ris nach toir am maoinachadh taic? .....	05
Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh? .....	06
<b>Slatan-tomhais Measaidh .....</b>	<b>06</b>
Slatan-tomhais .....	06
Na tha sinn a' sireadh .....	07
<b>Am Pròiseas Tagraidh .....</b>	<b>10</b>
Mar a nithear tagradh .....	10
Pròiseas co-dhùnaidh .....	11
<b>Às dèidh Maoineachadh .....</b>	<b>12</b>
Riathanasan Aithris .....	12
Barrachd fiosrachaidh agus taic .....	12
<b>Eàrr-ràdh 1 – Ceistean Iarrais .....</b>	<b>13</b>
<b>Eàrr-ràdh 2 – Ceistean Cumanta .....</b>	<b>15</b>

## Cruthan agus Cànanan Eile

Tha sinn an geall air pròiseasan iarrtais is prògraman a thabhainn a tha soilleir is ruigsinneach agus a tha fosgailte do na h-uile. Ma dh'iarrar, faodar stiùireadh maoinachaidh agus foirmean iarrtais faighinn ann an cruthan eile, mar a tha a dhith. Gus stuthan iarraidh ann an cruthan no cànanan eile, cuiribh fios gu Seirbheis Cheistean Alba Chruthachail le bhith a' cur post-d gu: [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

Ma tha sibh b/Bodhar agus nur cleachdaiche BSL, gheibhear cothrom air ar seirbheisean tron phrògram Contact Scotland-BSL. Rach gu [www.contactscotland-bsl.org](http://www.contactscotland-bsl.org) airson barrachd fiosrachaidh.

## Taic Ruigsinneachd gus Tagradh a Dhèanamh

Is urrainn do dh'Alba Chruthachail taic a thoirt dhaibh le cosgaisean nan seirbheisean a bheir taic dhuibh agus sibh a' cur a-steach airson maoinachadh. Tha taic ruigsinneachd ri fhaighinn do dhaoine fa leth — no dhan phrìomh neach-iarrtais ann am buidheann — a tha air an comharrachadh ciorramach fo Achd na Co-ionannachd 2010, mar eisimpleir:

- b/Bodhar no maol sa chlaisneachd
- Ciorramach
- Tinneas leantainneach no tinneas inntinn
- Niùro-iomadach (m.e dyslexia, òtasam, ADHD)

Gus faighinn a-mach dè an taic a tha ri fhaighinn agus mar a dh'iarrar i, faicibh earrann na Taic Ruigsinneachd air làrach-lìn Alba Chruthachail. Ma tha sibh feumach air taic ruigsinneachd, nach cuir sibh fios gu Alba Chruthachail co-dhiù 4 seachdainean ro cheann-latha nan iarrtasan le bhith a' cur post-d gu: [accesssupportrequests@creativescotland.com](mailto:accesssupportrequests@creativescotland.com)

### Cuiribh fios gu Seirbheis nan Ceistean againn

le bhith a' cur post-d gu: [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

## Dè a tha ann am VACMA?

'S e a th' anns na Duaisean Luchd-ealain Lèirsinneach is Luchd-ciùird (VACMA) prògram a tha a' tabhann sgeamaichean thabhartasan beaga a tha air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le farsaingeachd de dh'ùghdarrasan ionadail agus bhuidhnean ealain air feadh na h-Alba. Tha na sgeamaichean air an ruith gu h-ionadail leis na com-pàirtichean seo.

Tha VACMA a' tabhann bhursaraidhean suidhichte de £500 is £1000. 'S e adhbhar nam bursaraidhean seo **gus taic a chumail ri luchd-ealain lèirsinneach agus luchd-ciùird san leasachadh chruthachail agus phroifeiseanta aca.**

Tha dà cheann-latha aig VACMA:

- **Ceann-latha an fhoghair: 5f, 21 Dàmhair 2025**
- **Ceann-latha a' Gheamhraidh: 5f, 3 Gearran 2026**

Dearbhaich leis an sgeama ionadail agaibh mus cuir sibh a-steach oir cha bhì cuid de chom-pàirtichean a' ruith ach aon cheann-latha. Airson liosta shlàn de chom-pàirtichean is ceanglaichean ris na sgeamaichean fa leth, rachaibh gu [làrach-lìn Alba Chruthachail](#).

Tha VACMA a' faighinn taic bho Alba Chruthachail tro mhaoineachadh bhon Chrannchur Nàiseanta. Mar sin chan urrainnear VACMA a chleachdadh mar mhaoineachadh com-pàirteachais airson prògram maoineachaidh sam bith eile aig Alba Chruthachail.

## Ion-roghnachd

### Cò a dh'fhaodas tagradh a chur a-steach?

Tha a' mhaoin seo airson luchd-ealain lèirsinneach agus luchd-ciùird gnìomhach a tha stèidhichte ann an Alba.

Gus a bhith ion-roghnach, feumaidh sibh a bhith:

- A' fuireach no a' cumail suas stiùidio san sgìre ùghdarras ionadail dha bheil sibh a' cur iarrtas
- Air Aithisg Deireadh a' Phròiseict a chur a-staigh ma fhuair sibh VACMA roimhe.

Faodaidh oileanaich pàirt-tìde iarrtas a dhèanamh, ach feumaidh sibh:

- Fianais a thoirt seachad mun inbhe pàirt-tìde agaibh
- A' dearbhadh nach eil a' ghnìomhachd dha bheil sibh a' cur a-steach na thaic dhan obair oilthighe agaibh.

Tha tuilleadh fiosrachaidh a thaobh ion-roghnachd oileanaich an lùib nan [ceistean cumanta VACMA \(Eàrr-ràdh 2\)](#).

Cuiribh fios dhan chom-pàirtiche ionadail agaibh ma tha sibh ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu ion-roghnachd.

## Cò nach fhaod iarrtas a chur a-steach?

**Chan eil sibh ion-roghnach** gus tagradh a dhèanamh airson na maoin seo mas e is gu bheil sibh:

- Nur n-oileanaich **làn-thìde**
- Nur neach-ealain no neach-dèanamh **nach eil a' fuireach no a' cumail suas stiùidio san sgìre ùghdarras ionadail** dha bheil sibh a' cur iarrtas
- Ag obair ann an **cruth-ealain eile seach ealain lèirsinneach no ciùird**.
- Air maoinachadh VACMA fhaighinn roimhe ach nach do chuir sibh aithisg deireadh a' phròiseict a-steach ro cheann-latha an iarrtais.

## Fiosrachadh mu Mhaoineachaidh

### Cò air a ghabhas an t-airgead a chleachdadh?

Tha na bursaraidhean air an dealbhadh gur ùr cuideachadh le bhith a' toirt fàs is leasachadh air ur cleachdadh proifeiseanta. Faodaidh sibh am maoinachadh a chleachdadh airson grunn diofar ghnìomhan a' gabhail a-steach:

- **Trèanadh agus Leasachadh:** Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach cùrsaichean proifeiseanta, bùithtean obrach no ionnsachadh co-leithid.
- **Meantoradh agus leasachadh sgilean:** Ag obair le meantor no a' togail sgilean ùra gus taic a chumail ris an fhàs chruthachail agaibh.
- **A' cur bheachdan ùra gu deuchainn:** A' feuchainn dòighean-obrach, stuthan no innleachdan cruthachail ùra.
- **Rannsachadh agus leasachadh:** A' dèanamh rannsachadh air cruinneachadh obrach ùr.
- **Cleachdaidhean seasmhach:** A' cur stuthan seasmhach is ath-nuadhachail, dealbhadh cruinn is pròiseasan de bhuaidh ìosail gu deuchainn.
- **Muintireasan:** A' gabhail pàirt ann am muintireas a tha a' cumail taic ris an leasachaidh chruthachail is phroifeasanta agaibh.
- **Uidheamachd riatanach:** A' ceannach uidheamachd a tha, gu soilleir, gur cuideachadh le bhith ri deuchainneachd no gus an cleachdadh agaibh a leasachadh.
- **A' cruthachadh obair ùr:** Taic a bharrachd a dh'ionnsaigh obair ùr a dhèanamh airson taisbeanadh no taisbeantas poblach.

### Dè na rudan ris nach toir am maoinachadh taic?

Cha chur VACMA taic ri:

- **Gnìomhachdan a tha a' tòiseachadh ro thràth:** Feumaidh pròiseactan tòiseachadh co-dhiù 8 seachdainean às dèidh ceann-latha nan iarrtasan. Cha toirear taic do ghnìomhachdan a tha gu bhith a' tòiseachadh nas tràithe na sin.
- **Teisteanasan acadaimigeach creideasach:** Tha seo a' gabhail a-steach foghlam no trèanadh sam bith aig a bheil teisteanas foirmeil aig an deireadh.
- **Obair co-cheangailte ri gnothachas:** Chan eil maoinachadh ri fhaighinn airson a bhith a' tòiseachadh ghnìomhachasan ùra no airson leasachadh ghnìomhachasan.

- **Cosgaisean margaidheachd is làraich-lìn:** Cha ghabhar ri iarrtasan le fòcas gu ìre mhòr air margaidheachd no cruthachadh làrach-lìn.
- **Filmeadaireachd (ach a-mhàin ma tha e mar phàirt de chleachdadh lèirsinneach):** Chan eil seo ion-roghnach ach a-mhàin ma tha luchd-ealain lèirsinneach ag obair le dealbhan gluasadach mar phàirt den chleachdadh aca.
- **Pròiseactan coimhearsnachd no foghlaim:** Cha toirear taic do phròiseactan le fòcas coimhearsnachd no teagaisg.
- **Luchd-dealbhadh is dealbhaichean-grafaigeach:** Ach a-mhàin ma tha sibh ri cleachdadh fèin-stiùirichte agus eòlas air a bhith a' toirt seachad obair taobh a-staigh co-theacsa ealain no ciùird.
- **Obair togail no ath-sgeadachaidh:** Chan eil ath-sgeadachadh air stiùidiothan no pròiseactan togail eile den leithid ion-roghnach.
- **Iarrtasan a tha airson cosgaisean frèamaidh is taisbeanadh a-mhàin:** Cha toirear taic do dh'iarrtasan airson cosgaisean frèamaidh is taisbeanadh a-mhàin.
- **Maoineachadh dùbailte:** Chan eil pròiseactan a tha a' gabhail a-steach maoineachadh com-pàirteachais bho phrògraman VACMA no Alba Chruthachail eile ion-roghnach.

## Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh?

Tha VACMA a' tabhann bhursaraidhean suidhichte de £500 is £1,000. Bu chòir dhuibh cur a-steach airson na h-ìre de bhursaraidh a tha a' freagairt air an t-suidheachadh agaibh as fheàrr.

- **Bursaraidh tràth-dhreuchd:** airson luchd-ealain agus luchd-dèanaimh a tha air ceumnachadh san 3 bliadhna mu dheireadh no as urrainn dearbhadh gu bheil iad air an cuid obrach a thaisbeanadh gu poblach san trì bliadhna sin.
- **Bursaraidh £1000:** airson luchd-ealain agus luchd-dèanaimh as urrainn dearbhadh gu bheil còrr is 3 bliadhna de dh'eachdraidh aca de bhith a' taisbeanadh an cuid obrach gu poblach.

## Slatan-tomhais Measaidh

### Slatan-tomhais

Bheir VACMA prìomhachas do dh'iarrtasan a sheallas gu soilleir:

- **Dealas a thaobh cleachdadh** – gu bheil an t-iarrtas agaibh a' sealltainn eòlas buntainneach agus dealas leantainneach a thaobh leasachadh a' chleachdaidh ealain lèirsinnich no ciùird agaibh.
- **Leasachadh cruthachail** – gu bheil an t-iarrtas agaibh a' mìneachadh gu soilleir an cothrom airson leasachadh agus a' bhuaidh a thathar an dùil a bheireadh e air ur sgilean is beachdan cruthachail.
- **Plana pròiseict soilleir** – gu bheil an t-iarrtas agaibh a' sealltainn gun gabh an gnìomhachd a thathar a' moladh a dhèanamh agus gu bheil plana libhrigidh soilleir ann.

Tha e cuideachd mar phrìomhachas do VACMA taic a chumail ri Co-ionannachdan, lomadh agus Ion-ghabhaltachd (EDI) agus Seasmhachd Àrainneachdail, agus ri bhith a' cruthachadh slighean dreuchd air feadh na h-Alba. Tha am prògram ag amas air puingeann inntrigidh ruigsinneach a chruthachadh a-staigh gu cleachdadh proifeasanta, gu h-àraid dhaibhsan a tha aig ìre tràtha nan dreuchdan agus dhaibhsan le cnapan-starra ro bhith a' leasachadh an cuid cleachdaidh. Nuair a tha ìrean àrda de dh'iarrrtas ann, dh'fhaodte gun toir sinn prìomhachas do luchd-iarrrtais a tha ùr do mhaoineachadh poblach agus dhaibhsan aig nach robh mòran cothroman leasachaidh. Cuiridh sinn prìomhachas cuideachd air pròiseactan is gnìomhachdan a bheir fa-near do agus a nì obair agus a' bhuidhe air an àrainneachd a lughdachadh.

## Na tha sinn a' sireadh

### Dealas a thaobh Cleachdadh

Nuair a tha iad a' sgrùdadh an iarrrtais agaibh, bheir am pannal sùil air:

- Na freagairtean sgrìobhte agaibh
- An cunntas-beatha agaibh
- Eisimpleirean den obair agaibh.

Tha an cunntas-beatha agaibh a' sealltainn ur cuid eòlais agus cho dìcheallach 's a tha sibh a thaobh ur cuid cleachdaidh.

### An Cunntas-beatha agaibh

- Cuiribh na rinn sibh bho chionn ghoirid an toiseach.
- Cuiribh fòcas air gnìomhan co-cheangailte ri ealain - fàg rud sam bith a-mach às nach eil buntainneach dhan obair chruthachail agaibh.
- Goireas feumail: Dh'fhaodte gum bi seo feumail dhuibh: [Artquest's Guide to writing a CV.](#)

### Eisimpleirean den obair agaibh

- Tagh obair a tha a' riochdachadh na h-obrach làithrich agaibh.
- Dèan cinnteach gu bheil dealbhan soilleir agus de dh'àrd-chailleachd - tha seo a' sealltainn gu bheil sibh a' cur luach san obair agaibh agus gu bheil dòigh-obrach phroifeiseanta agaibh.
- Ma tha sibh ag obair ann an cruth no meadhan ùr, cuiribh a-steach 1 no 2 ìomhaigh a tha a' sealltainn an atharrachaidh seo.
- Is dòcha gum bi [an stiùireadh seo](#) mu bhith a' togail dhealbhan den obair-ealain agaibh feumail dhuibh.

### Leasachadh Cruthachail

Dèanaibh cinnteach gu bheil adhbhar soilleir agaibh airson a bhith a' cur iarrrtas a-steach. Minich na leanas san iarrrtas agaibh:

- **Dè** tha sibh airson dèanamh leis a' bhursaraidh?
- **Carson** a tha sibh airson a dhèanamh?
- **Ciamar** a bheir e taic dhan leasachadh cruthachail agad?

Bidh am pannal airson tuigsinn dè na ceanglaichean a th' ann eadar a' ghnìomhachd a tha sibh a' moladh agus an obair agaibh roimhe. Bidh iad cuideachd airson tuigsinn dè a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig a' chothrom seo air na sgilean cruthachail agus beachdan-smaoin agaibh agus air na nì sibh san àm ri teachd.

Feuchaibh ri bhith cho **mionaideach** 's a ghabhas. Mar eisimpleir:

- Ma tha sibh a' cur a-steach airson trèanadh no meantoradh, cò leis am bi sibh ag obair is carson?
- Minich mar a chuidicheas seo sibh gus an cleachdadh agaibh a leasachadh.

## Plana Pròiseict Soilleir

Nì am pannal measaidh sgrùdadh air a bheil am pròiseact agaibh **reusanta agus ion-obrachail**, stèidhichte air an fhiosrachadh a bheir sibh seachad.

- Feumaidh an loidhne-ama agaibh a bhith practaigeach le co-dhiù **8 seachdainean às dèidh a' chinn-latha mus tòisich sibh air ur gnìomhachd**. Chan urrainn dhuinn maoin a thoirt do ghnìomhachdan sam bith a bhios a' tòiseachadh mus faigh sibh co-dhùnadh.
- Smaoinichibh mu chunnart sam bith a bheireadh buaidh air a' phròiseact agaibh agus innsibh dhuinn mar a lùghdaicheas sibh iad.  
Mar eisimpleir:
  - An do rinn sibh sgrùdadh air na cinn-latha agus na cothroman airson cùrsa no muinntireas?
  - A bheil plana eile agaibh ma dh'atharraicheas rudeigin?
- Ma tha sibh a' cur a-steach airson taic airson **taisbeanadh no muinntireas**, bu chòir dhuibh **litir dearbhadh** a chur a-steach bhon àite no buidheann far an tachair seo. Bu chòir seo mìneachadh dè an ròl a bhios aca agus dè chuireas iad ris.
- Ma tha sibh an dùil **an taisbeanadh agaibh fhèin a chur air dòigh**, seallaibh dhuinn gu bheil sibh air beachdachadh air:
  - Mar a ruigeas sibh luchd-amais
  - Ruigsinneachd an ionaid.

## Buidseat

- **Chan fheum sibh liosta mhionaideach a thoirt seachad de na cosgaisean agaibh** – tha ìrean nam bursaraidhean stèidhichte.
- Ach feumaidh am pròiseact agaibh a bhith practaigeach agus comasach taobh a-staigh na suim a dh'iarr sibh.

Ma tha sibh ag obair le daoine eile (leithid mheantoran no oidean):

- Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh gam pàigheadh gu cothromach
- Gheibhear stiùireadh air ìrean pàighidh air **làrach-lìn Alba Cruthachail**.

**Chan eil maoineachadh com-pàirteachais na riatanas** den mhaoin, ach:

- Ach mas e 's nach eil am bursaraidh VACMA a' maoineachadh ach pàirt den phròiseact no gnìomhachd agaibh, feumaidh sibh innse dhuinn ciamar a tha sibh gu bhith a' maoineachadh a' chòrr dheth.
- Faodaidh sibh tabhartasan airgid no stuthail (mar eisimpleir, àite no stuthan) a chur san tagradh agaibh.

**Fadard Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta** iarraidh a **bharrachd air** a' bhursaraidh VACMA. Faicibh an earrann gu h-ìosal agus **Ceistean Cumanta VACMA (Eàrr-ràdh 2)** airson barrachd fiosrachaidh.

Tha VACMA a' faighinn taic bho Alba Chruthachail tro mhaoineachadh bhon Chrannchur Nàiseanta. Mar sin chan urrainnear bursaraidh VACMA a chleachdadh mar mhaoineachadh com-pàirteachais airson prògram maoineachaidh Alba Chruthachail sam bith eile. Tha seo a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuingealaichte ri, sgeamaichean VACMA eile, Maoin Fhosgailte do Dhaoine fa Leth agus am Bursaraidh Siubhal Stephen Palmer.

## Co-ionannachdan, lomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI)

Tha Alba Chruthachail is gach com-pàirtiche VACMA eile an geall air taic a chumail ri [Co-ionannachdan, lomadachd agus Ion-ghabhaltachd](#) (EDI).

- Chaidh am prògram VACMA a dhealbhadh **gus cothroman ruigsinneach a chruthachadh** air maoineachadh poblach agus gus daoine a chuideachadh gus adhartas a dhèanamh sa chleachdadh aca as bith dè na cnapan-starra a tha nan aghaidh.
- Ma bhios tòrr iarrtais ann, dh'fhaodte gun toirear prìomhachas do:
  - Daoine **nas ùire do mhaoineachadh poblach**.
  - Daoine aig an robh **nas lugha cothroman** gus an cuid cleachdaidh a thoirt air adhart.

## Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta

Faodaidh daoine a tha air am meas ciorramach fo Achd na Co-ionannachd 2010 agus an fheadhainn le dleastanasan cùraim, iarrtas a dhèanamh airson taic le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta. 'S e a th' annta seo ach cosgaisean co-cheangailte ris na feumalachdan ruigsinneachd agaibh, agus dh'fhaodadh iad a bhith a' gabhail a-steach atharrachaidhean reusanta no taic gus do chuideachadh, no gus prìomh chom-pàirtiche a chuideachadh, gus làn phàirt a ghabhail anns a' ghnìomhachd a tha sibh a' moladh.

### Prìomh-phuingean:

- Tha Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta air leth bhon iarrtas bursaraidh agaibh.
- Seo gus an urrainn dhuibh am bursaraidh air fad a chosg air a' ghnìomhachd a tha sibh a' planadh.
- Ma bhios e buntainneach, thèid iarraidh oirbh geàrr-chunntas agus mion-sgrùdadh a thoirt seachad air na Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta agad anns an fhoirm iarrtais.

Airson barrachd fiosrachaidh air **Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta**, leugh [na Ceistean Cumanta mu VACMA \(Eàrr-ràdh 2\)](#).

## Seasmhachd Àrainneachd

Bidh Alba Chruthachail agus com-pàirtichean VACMA a' brosnachadh [cleachdaidhean cunntachail a thaobh na h-àrainneachd](#).

- Chan fheum fòcas àrainneachdail a bhith air a' phròiseact agaibh.
- Ach bu chòir dhuibh beachdachadh air mar a ghabhas a' bhuaidh àrainneachdail aige a lùghdachadh far an gabh sin dèanamh.

### Goireasan feumail:

[Goireas Àrainneachail an Luchd-ealain | Fife Contemporary](#)

[Goireasan airson Luchd-ealain | Culture for Climate Scotland](#)

# Am Pròiseas Tagraidh

## Mar a nithear tagradh

Gus tagradh a dhèanamh:

- **Cleachdaibh am foirm-iarrtais ceart** airson na sgìre ionadail agaibh.
- **Leanaibh am pròiseas aig an sgeama ionadail** agaibh gus an t-iarrtas agaibh a chur a-steach.

Gheibhear lethbhreac de na ceistean tagraidh ann an **Eàrr-ràdh 1** aig deireadh na sgrìobhainn seo.

## Na bu chòir dhuibh cur san iarrtas agaibh:

Còmhla ris an fhoirm-iarrtais, thèid iarraidh oirbh na leanas a chur a-staigh:

- **An cunntas-beatha agaibh** – a’ toirt fiosrachadh air ur cuid eòlais gu ruige seo.
- **6 eisimpleirean de dh’obair o chionn ghoirid.**
- **Foirm Sgrùdaidh Co-ionannachd.**

Cuidichidh am **Foirm Sgrùdaidh Co-ionannachd sinn** gus tuigsinn cò tha VACMA a’ ruigsinn. Tha e gun urra agus thèid a chumail air leth bhon iarrtas agaibh, agus cha toir e buaidh sam bith air a’ cho-dhùnadh. Tha an dàta air fad air an riaghladh gu dìomhair, a rèir laghan Dìon Dàta agus GDPR. Mur a h-eil fios agaibh air cuid den fhiosrachadh no nach eil sibh airson a thoirt seachad, faodaidh sibh am bocsa “B’ fheàrr leam gun a ràdh” a lìonadh.

Thoiribh fa-near: Ma bhios an t-iarrtas agaibh soirbheachail, dh’fhaodte gun cleachd sinn eisimpleir den obair agaibh ann an aithisgean agus stuthan sanasachd. Thoiribh fa-near gu bheil dleastanas aig gach sgeama airson an t-sanais prìobhaideachd aca fhèin a tha a’ buntainn ris an fhiosrachadh a bheir sibh seachad san iarrtas agaibh agus mar a thèid a làimhseachadh. Tha am brath seo an cois an fhoirm iarrtais - leughaidh e mus cuir sibh an t-iarrtas agaibh a-steach.

## Pròiseas co-dhùnaidh

### 1. Dearbhadh air ion-roghnachd

Bidh gach iarrtas a' dol tro sgrùdadh ion-roghnachd thùsail gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coinneachadh ri riatanasan na maoine.

### 2. Lèirmheas pannail

Nì pannal lèirmheas air iarrtasan ion-roghnach. Tha am pannal air a dhèanamh suas de riochdairean bhon bhuidheann chom-pàirteachaidh ionadail agus eòlaichean bhon taobh a-muigh leithid luchd-ealain, luchd-dèanaimh, luchd-glèidhidh, oidean agus proifeiseantaich ealain eile. Dh'fhaodte gum bi luchd-obrach Alba Chruthachail an làthair aig pannalan gus faicinn na tha a' dol. Bidh pannalan ag atharrachadh gu tric gus dèanamh cinnteach gu bheil sreath de ghuthan a' cur ris a' phròiseas cho-dhùnaidh.

#### Pròiseas a' phannail

- Leughaidh am pannal an t-iarrtas sgrìobhte agaibh agus nì iad sgrùdadh air.
- Bidh iad a' beachdachadh air na stuthan lèirsinneach agus sgrìobhte a rèir nan slatan-tomhais. Tha na molaidhean airson duaisean stèidhichte air na deasbadan seo.
- Tha co-dhùnaidh stèidhichte air na chuireas sibh a-steach a-mhàin - cha cleachd buill a' phannail fiosrachadh sam bith a th' aca mur deidhinn no mu ur cuid obrach mar-thà.
- Tha an dòigh co-dhùnaidh seo a tha stèidhichte air fianais a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom na Fèinne aig a h-uile tagraiche. Na gabh ris gum bi eòlas aig a' phannal oirbh no gum faca iad an obair agaibh mar-thà.

### 3. Co-dhùnaidhean

Cluinnidh sibh air ais taobh a-staigh **8 seachdainean** den cheann-latha agus thèid fios a chur thugaibh ma bhios dàil an

#### Mur eil sibh soirbheachail:

- Faodaidh sibh fios air ais iarraidh.
- Mur eil am fios-air-ais soilleir, cuiribh fios dhan chom-pàirtiche ionadail agaibh airson barrachd fiosrachaidh.
- Ma thèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh, chan eil seo a' ciallachadh nach eil an obair agaibh de dh'àrd-chàileachd – is dòcha gu bheil e dìreach a' ciallachadh gun robh feadhainn eile na bu fhreagarraiche an turas seo.
- Tha na maoinean seo gu math farpaiseach is mar sin, dh'fhaodte nach fhaigh cuid de dh'iarrtasan làidir maoineachadh.
- Tha iomadh tagraiche air iarrtas soirbheachail a chur a-steach às dèidh dhaibh fios-air-ais a chelachdadh gus am moladh aca a neartachadh.

# Às dèidh Maoineachadh

## Riatanasan Aithris

Thathar an dùil gun lìon a h-uile neach-iarrtais soirbheachail Aithisg Sgrùdaidh Deireadh Pròiseict. Tha an aithisg seo gar cuideachadh gus buaidh nam bursaraidhean a dhearcnachadh agus tha i a' cumail taic ri leasachadh an sgeama. Bidh comas aig ur com-pàirtiche ionadail ri teamlaid na h-aithisg a thoirt dhuibh.

Feumaidh a h-uile duine a gheibh maoineachadh VACMA Aithisg Sgrùdaidh Deireadh Pròiseict a chur a-staigh mus tèid aca air iarrtas a dhèanamh airson bursaraidh VACMA eile.

## Barrachd fiosrachaidh agus taic

Airson ceistean a thaobh an ion-roghnachd agaibh, am pròiseas iarrtais, stiùireadh no foirm-iarrtais, cuiribh fios dhan sgeama ionadail agaibh.

Tha liosta shlàn de chom-pàirtichean an sàs agus ceanglaichean ri sgeamaichean fa leth rin lorg aig [www.creativescotland.com/vacma](http://www.creativescotland.com/vacma)

Ma tha ceist coitcheann sam bith agaibh mu VACMA no prògram maoineachaidh sam bith eile aig Alba Chruthachail, cuiribh fios gu Seirbheis nan Ceistean aig Alba Chruthachail le post-d gu:

[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

## Eàrr-ràdh 1 – Ceistean Iarrtais

Tha na h-aon ceistean iarrtais ann thar nan sgeamaichean VACMA air fad. Tha an eàrr-ràdh seo a' toirt liosta de na ceistean a tha an cois an fhoirm-iarrtais, ach **feumaidh sibh foirm-iarrtais na sgìre agaibh fhèin a chleachdadh nuair a tha sibh a' cur a-steach**. Gheibhear seo air làrach-lìn a' chom-pàirtiche ionadail agad.

Aig toiseach an fhoirm-iarrtais thèid iarraidh oirbh am fiosrachadh a leanas a thoirt seachad:

- **Ainm laghail** (airson adhbharan ionmhasail is cùmhnaint)
- **An t-ainm as fheàrr leat** (ma tha seo eadar-dhealaichte ris an ainm laghail agad)
- **Riochdairean** (roghainneil)
- **Seòladh**
- **Còd-puist**
- **Àireamh fòn conaltraidh**
- **Post-d**
- **Làrach-lìn** (roghainneil)

### Ceistean tagraidh

1. **Gnè-ealain** (comharraich):
  - Ceàird
  - Ealainean Lèirsinneach
2. **Cò às na h-aithrisean a leanas a tha a' buntainn ribh** (comharraichibh):
  - Tha mi a' fuireach ann an [ainm na Sgìre Ùghdarras Ionadail]
  - Tha mi a' cumail suas stiùidio ann an [ainm na Sgìre Ùghdarras Ionadail]
3. **Tha mi a' cur a-steach airson** (taghaibh):
  - Bursaraidh tràth-dhreuchd de £500
  - Bursaraidh £1000
4. **Ceann-latha tòiseachaidh / ceann-latha crìochnachaidh a' phròiseict :**
5. **Thoiribh seachad geàrr-chunntas goirid air a' ghnìomhachd a tha sibh a' moladh.** (30 faclan aig a' char as motha)  
Thoiribh fa-near gum faod sinn an teacsa seo a chleachdadh airson margaidheachd is conaltradh ma tha sibh soirbheachail.
6. **Innsibh dhuinn mun chleachdadh chruthachail agaibh** (250 faclan aig a' char as motha)  
Thoiribh geàrr-chunntas air na h-ùidhean agaibh is na tha gur brosnachadh, air a' phròiseas chruthachail agaibh, an obair a nì sibh agus prìomh choileanaidhean sam bith gu ruige seo.

7. **Cò air a chleachdas sibh an tagradh?** (300 faclan aig a' char as motha)  
Thoiribh dhuinn geàrr-chunntas air a' ghnìomhachd a tha sibh a' moladh. Bu chòir dhuibh leudachadh air an fhiosrachadh a thugadh seachad anns a' gheàrr-chunntas gu h-àrd. Feuchaibh a bhith cho mionaideach 's a ghabhas.
8. **Ciamar a chuireas am bursaraidh seo ris an leasachadh chruthachail is phroifeasanta agaibh?** (300 faclan aig a' char as motha)  
Ciamar a bheir am bursaraidh taic dhuibh ann a bhith a' leasachadh nan sgilean is beachdan cruthachail agaibh? Ciamar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air a' chleachdadh agaibh a-nis agus san àm ri teachd?
9. **Thoiribh dhuinn loidhne-ama ghoirid airson a' phròiseict agaibh agus innsibh dhuinn ciamar a bhios sibh a' stiùireadh chunnartan sam bith.** (200 faclan aig a' char as motha)  
Minichibh prìomh ìrean a' phròiseict agaibh agus innsibh dhuinn mu mar a lùghdaicheas sibh chunnart sam bith a tha sibh air comharrachadh. Faodaidh sibh puingean-peileir a chleachdadh san earrainn seo.
10. **A bheil eileamaid phoblach sa mholadh agaibh?** (200 faclan aig a' char as motha)  
Ma tha, innsibh dhuinn dè bhios na lùib agus ciamar a ruigeas sibh daoine no an toirt an sàs.
11. **A bheil sibh airson fios a thoirt dhan phannal air bacaidhean sam bith a tha air buaidh a thoirt air do chomas do chuid cleachdaidh no gnìomhachd a thoirt air adhairt.** (200 faclan aig a' char as motha)  
Innsibh dhuinn barrachd mun deidhinn an seo.
12. **Innsibh dhuinn ciamar a lùghdaicheas sibh a' bhuidh àrainneachdail a bheir a' ghnìomhachd a tha sibh a' moladh air an àrainneachd agus/no ciamar a tha sibh a' dèiligeadh ri adhbharan is buaidh atharrachadh air a' ghnàth-shìde tron chleachdadh agaibh.** (200 faclan aig a' char as motha)
13. **An d' fhuair sibh maoinachadh tro VACMA no prògram maoinachaidh sam bith eile aig Alba Chruthachail anns an 3 bliadhna mu dheireadh?** (taghaibh):  
Fhuair/Cha d' fhuair  
Ma fhuair, innsibh dhuinn dè an t-ainm a th' air a' mhaoin agus dè a' bhliadhna san deach a buileachadh.
14. **A bheil sibh a' feitheamh ri co-dhùnadh mu phrògram maoinachadh eile aig Alba Churthachail aig an àm seo?** (taghaibh):  
Tha/Chan eil  
Ma tha, innsibh dhuinn dè an t-ainm a th' air a' phrògram maoinachaidh.
15. **A bheil am pròiseact/a' ghnìomhachd agaibh gu bhith a' cosg barrachd na am bursaraidh a dh'iarr sibh (gun a bhith a' gabhail a-steach cosgaisean ruigsinneachd poblach)?** (taghaibh): Tha/Chan eil

16. **Ma fhreagair sibh “tha” dhan cheist mu dheireadh, innsibh dhuinn dè chosgais am pròiseact/a’ ghnìomhachd agaibh agus cò às a thig teachd-a-steach com-pàrteachaidh.**

17. **A bheil feum agaibh air taic le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?**

(comharraich): Tha/Chan eil

Ma tha, nach toir sibh geàrr-chunntas air na Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta seo agus mar a tha iad co-cheangailte ris a’ ghnìomhachd a tha sibh a’ moladh. Thoiribh seachad briseadh sìos den t-suim a dh’iarr sibh cuideachd.

18. **Dèanaibh liosta de dh’eisimpleirean den obair agaibh gu h-ìosal:**

	<b>Cunntas air an obair ealain m.e. tiotal, meadhan, meud, àite</b>	<b>A’ bhliadhna a rinneadh e/a thaisbeanadh e</b>
1		
2		
3		
4		
5		
6		

## Eàrr-ràdh 2 – Ceistean Cumanta

### A bheil crìoch air àireamh nan iarrtasan VACMA a dh’fhaodas mi a dhèanamh?

Chan eil crìoch air àireamh nan iarrtasan VACMA a dh’fhaodas sibh dèanamh, ach chan urrainn dhuibh ach aon iarrtas a dhèanamh anns gach cuairt. Ma tha sibh air bursaraidh VACMA fhaighinn roimhe, feumaidh sibh aithisg deireadh pròiseict a chur a-steach mus dèan sibh ath-thagradh.

Nuair a tha ìrean àrda de dh’iarrtas ann, dh’fhaodte gun toir sinn prìomhachas do luchd-iarrtais a tha ùr do mhaoineachadh poblach agus dhaibhsan aig nach robh mòran cothroman leasachaidh. .

### Dè an Sgeama VACMA dham bu chòir dhomh a chur a-steach?

Bu chòir dhuibh a chur a-steach dhan sgeama **san Ùghdarras Ionadail sa bheil sibh a’ fuireach**. Mura h-eil sgeama VACMA san sgìre sa bheil sibh a’ fuireach, faodaidh sibh cuir a-steach do sgeama ann an sgìre eile sa bheil sibh a’ cumail suas stiùidio. Mura h-eil sibh cinnteach, dearbhaich leis a’ chom-pàirtiche ionadail agaibh mus cuir sibh iarrtas a-steach.

## Chan eil sgeama ionadail san sgìre agam, am faod mi cur a-steach do sgeama eile?

Bidh cuid de sgeamaichean VACMA a' còmhachadh iomadh sgìre Ùghdarrais Ionadail, thoiribh sùil air liosta slàn sgeamaichean VACMA a dh'fhaicinn ma tha an sgìre agaibh nam measg. Mura h-eil sgeama VACMA ri fhaotainn san sgìre ùghdarrais ionadail agaibh, ma dh'fhaodte gum bi sibh ion-roghnach iarrtas a chur a-steach ma tha sibh a' cumail suas stiùidio ann an sgìre ùghdarrais ionadail aig a bheil sgeama VACMA. Mura h-eil sibh cinnteach, dearbhaich leis an sgeama VACMA buntainneach mus cuir sibh iarrtas a-steach.

## Ciamar a tha fios agam a bheil sgeama VACMA san sgìre ionadail agam?

Gheibhear liosta slàn de chom-pàirtichean is sgeamaichean fa leth air [Iàrach-lìn Alba Chruthachail](#). Mar a chaidh aithris gu h-àrd, bidh cuid de sgeamaichean VACMA a' còmhachadh còrr is aon sgìre Ùghdarrais Ionadail. Far a bheil seo ann, thèid a mhineachadh gu soilleir ann an tìotal an sgeama VACMA.

Mura h-eil sibh cinnteach fhathast a bheil VACMA a' còmhachadh na sgìre agaibh cuiribh fios gu Sgioba nan Ceistean air [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com).

## Dè th' ann an Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?

**Tha Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta** nan cosgaisean a tha co-cheangailte ri bhith a' toirt bacaidhean air falbh dhuibh fhèin (no bho prìomh co-obraiche sa phròiseact agaibh) a thaobh ciorram no dleastanasan curaim. Is urrainn VACMA Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta a thoirt seachad a tha a' buntainn gu dìreach ri libhrigeadh a' phròiseict no gnìomhachd agaibh.

Tha Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta air leth bhon iarrtas bursaraidh agaibh. Tha seo a' dèanamh cinnteach gun cosg gach neach-iarrtais am bursaraidh slàn air a' gnìomhachd a tha iad a' moladh.

## Cò a dh'fhaodas Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta iarraidh?

Faodaidh sibh taic iarraidh le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta ma tha sibh fhèin no prìomh cho-obraiche sa phròiseact agaibh:

- b/Bodhar
- Ciorramach
- Niùro-iomadach
- Ma tha tinneas leantainneach no staid-slàinte fad-ùine oirbh no orra
- Ma tha dleastanasan cùraim agaibh/aca.

'S e cuid de dh'eisimpleirean de chosgaisean ruigsinneachd:

- Neach-mìneachaidh BSL
- Teicneòlas Taice
- Cosgaisean airson Neach-obrach Taice
- Cosgaisean cùraim-chloinne no cùraim aon turais no gearr-thìde.

Chan eil an liosta seo iomlan. Bu chòir dhuibh innse dhuinn dè tha a dhìth oirbh gus a' ghnìomhachd san tagradh agaibh a libhrigeadh.

Thoiribh fa-near gum measar cosgaisean cùraim-chloinne mar shochair air an cuirear cìsean, is ged a bheir VACMA na cosgaisean air ais thugaibh, bidh e an urra ribhse seo aithris do HMRC. Chan urrainn dhuinn taic a chumail ri cosgaisean leantainneach airson cùram-chloinne no cùram a tha ann mar-thà agus nach eil ceangailte gu dìreach ri gnìomhachdan pròiseict sònraichte no ri leasachadh sgìlean.

### **Dè tha sibh a' ciallachadh le Teicneòlas Taice?**

Tha an abairt 'teicneòlas taice' air a chleachdadh airson bathar no siostaman a tha a' toirt taic do, agus a' cuideachadh, dhaoine le ciorraman, gluasad cuibhrichte no ciorraman eile gus gnìomhan a choileanadh a dh'fhaodadh a bhith duilich no do-dhèanta mur a b' e sin. Mar eisimpleir, bathar-bog airson cainnt gu teasca.

Chan eilear a' meas innealan leithid laptopan agus tablaidean mar 'theicneòlas taice' agus chan urrainn an cur anns an iarrtas ach a-mhàin mura leig am bathar-cruaidh làithreach leibh gus teicneòlais taice ùr a stàladh a tha a dhìth gus am pròiseact/gnìomhachd agaibh a libhrigeadh. Mar eisimpleir, mur eil an RAM no cuimhne an CPU cumhachdach gu leòr.

Coltach ri cosgaisean ruigsinneachd a tha air an toirt seachad le sgeamaichean eile leithid Ruigsinneachd gu Obair agus Cuibhreann Oileanach le Ciorraman, cha toirear seachad cead ach gus an t-inneal cosg-èifeachdaiche aig a bheil na sònrachaidhean a dh'fheumar gus an teicneòlas taic sònraichte a ruith.

Ma tha sibh ag iarraidh taic gus inneal leithid laptop no tablaid a cheannach airson a' phròiseict agaibh, feumaidh sibh an teicneòlas agus modail an inneil a tha a dhìth oirbh a shònrachadh, le mìneachadh air mar a choileanas iad feumalachdan an neach a bhios gan cleachdadh, mus tèid seo aontachadh.

### **Dè an t-suim as urrainn dhomh iarraidh airson Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?**

Chan eil crìoch air an t-suim a dh'fhaodas sibh iarraidh airson Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta, ach feumaidh na cosgaisean a thèid iarraidh a bhith ceangailte gu dìreach ris a' ghnìomhachd a tha thu a' moladh. Leis gur e poitean maoinachadh beag a th' anna seo, tha còir aig a' phannal tabhartas a thabhann a dh'ionnsaigh Chosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta.

### **A bheil stiùireadh ann air na bu chòir pàigheadh do Luchd-obrach taice?**

Chan eil stiùireadh ùghdarrasail ann mu ìrean pàighidh Luchd-obrach Taice, ach dh'fhaodadh an goireas a leanas a bhith feumail: [Access to Work Support Worker Pay Rates](#)

A rèir rùn Alba Chruthachail taic a chumail ri Obair Chothromach, bhiomaid an dùil gum faigh duine sam bith a tha a' toirt seachad nan seirbheisean sin am Fìor Thuarastal Bith-beò. Thoir an aire nach eil sinn a' moladh ìrean-pàighidh luchd-ealain a chleachdadh airson dreuchdan Luchd-obrach Taice.

## Am faod mi buidseat a bharrachd iarraidh gus am bi am pròiseact agam ruigsinneach do luchd-èisteachd?

Chan fhaod. Cha beachdaich sinn ach air iarrtasan airson Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta, a tha co-cheangailte ri bacaidhean a thoirt air falbh dhuibh fhèin mar neach fa leth no do phrìomh cho-obraiche sa phròiseact agaibh. 'S ann fo chosgaisean ruigsinneachd coitcheann a tha cosgaisean co-cheangailte ri bhith a' toirt air a' phròiseact agaibh a bhith ruigsinneach do luchd-amais no com-pàirtichean agus bu chòir gu bheil am prìomh bursaraidh gan còmhachadh. Bidh iad a' gabhail a-steach rudan leithid fo-thiotalan a chur ann agus cleachdadh ionadan ruigsinneach.

## A bheil Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta a' gabhail a-steach siubhal agus àite-fuirich?

Sa mhòr-chuid de chùisean cha mheasar cosgaisean siubhail agus àite-fuirich mar Chosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta. San fharsaingeachd, thathas gam meas mar phrìomh chosgaisean a' phròiseict agus bu chòir gum bi am bursaraidh gan còmhachadh. Ach, ma tha sibh b/bodhar, ciorramach, le iomasgarachd-niùro, ma tha tinneas sìor-bhuan no staid-slàinte fad-ùine oirbh dh'fhaodadh gum bi cosgaisean nas àirde agaibh airson àite airson siubhail is àite-fuirich. Mas e seo a' chùis, faodaidh sibh na cosgaisean a bharrachd seo a chur fo Chosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta. Mar eisimpleir, ma tha sibh feumach air Neach-taic Pearsanta, tagsaidhean dhan/bhon cheann-uidhe agaibh no àite-fuirich a bharrachd.

## Ciamar a dh'iarras mi Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?

Nuair a tha sibh a' lionadh an fhoirm-iarrtais thèid fhaighneachd dhuibh nam bu thoil leibh taic le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta. Ma chanas sibh gu bheil, iarraidh sinn oirbh beagan fiosrachaidh a thoirt dhuinn mu na Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta a tha sibh ag iarraidh agus geàrr-chunntas a thoirt air na cosgaisean a tha an lùib.

## A bheil àite sam bith eile às am faigh mi taic le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?

Is dòcha gum faod sibh tagradh airson taic bho mhaoin Cothrom air Obair Riaghaltas na RA, a dh'fhaodas cuideachadh le cuid de cosgaisean a bharrachd den obair agaibh a dhèanamh, no siubhal gu, à agus rè ur n-obair ma tha sibh ciorramach. Tha barrachd fiosrachaidh air Cothrom air Obair ri fhaotainn air [làrach-lìn Riaghaltas na RA](#).

## Am feum mi teisteanas foirmeil sam bith gus iarrtas a chur a-steach?

Chan fheum sibh teisteanas foirmeil sam bith gus cur a-steach. Ach, bi agaibh ri dhearbhadh gu bheil sibh nur neach-ealain gnìomhach. Tha sinn an dùil gum bi luchd-iarrtais air cruinneachadh obrach a thoirt gu buil agus gun urrainn dhaibh dearbhadh gu bheil iad air an cuid obrach a thaisbeanadh dhan phoball roimhe. Mar eisimpleir, tro thaisbeanaidhean poblach, fèill obair-chiùird, tachartasan-cluiche, òraidean, tachartasan no pròiseactan le còmpàirt shòisealta.

## Dè tha sibh a' ciallachadh leis an abair 'cleachdadh'?

Tha sinn a' cleachdadh a' bhriathair 'neach-ealain/ciùird gnìomhach' a chiallachadh neach-ealain no neach-ciùird a tha ag obair gu cunbhalach agus aig a bheil eòlas air taisbeanadh no ruighinn a' phobaill leis an cuid obrach. Mar eisimpleir, tro thaisbeanaidhean poblach, fèill obair-chiùird, tachartasan-cluiche, òraidean, tachartasan no pròiseactan le còm-pàirt shòisealta. Cha toir sinn maoineachadh do luchd-ealain/ciùird aig nach eil eòlas air a' phoball a bhith a' taisbeanadh an cuid obrach gu poblach, no a bhios a' taisbeanadh an cuid obrach tro na meadhanan sòisealta.

## Tha mise nam cheumnaiche ùr, am faod mi an teisteanas agam a shealltainn mar fhianais gu bheil mi air cruinneachadh obrach a dhèanamh?

Ma tha sibh a' cur a-steach airson bursaraidh tràth-dhreuchd faodaidh sibh an teisteanas agaibh a shealltainn mar fhianais gu bheil sibh air cruinneachadh obrach a thoirt gu buil. Ach, is dòcha gum bi sibh cuideachd ag iarraidh beagan eisimpleirean a ghabhail a-steach de dh'obair a tha sibh air dèanamh bho cheumnaich sibh. Ma tha sibh a' cur a-steach airson a' bhursaraidh de £1000 feumaidh sibh sealltainn gu bheil sibh air cruinneachadh obrach a thoirt gu buil taobh a-muigh foghlam foirmeil.

## An urrainn do dh'oileanaich iarrtas a chur a-steach airson VACMA?

Chan urrainn do dh'oileanaich a tha ann am foghlam làn-thìde iarrtas a chur a-steach airson VACMA. Ma tha sibh nur n-oileanach pàirt-thìde, faodaidh sibh cur a-steach ach feumaidh sibh dearbhadh gu bheil sibh pàirt-thìde agus nach eil a' ghnìomhachd dha bheil sibh a' cur a-steach na thaic don obair oilthighe agaibh.

Mar is trice bhiodh dùil againn ri seo a nochdadh tro litir bhon stiùiriche agaibh, oide no cuideigin leis an aon ìre de thuigse air an obair agaibh, gu h-àraid ma tha cuspairean an rannsachaidh agus am pròiseact/gnìomhachd dha bheil sibh a' cur a-steach a' tar-lùbadh. Dh'fhaodadh gun urrainn dhuibh seo a nochdadh cuideachd le bhith a' cur sgana den litir matriculation agaibh na chois ma tha e a' sealltainn gu soilleir raon a' chuspair agaibh agus an inbhe phàirt-thìde agaibh.

Cha toir VACMA taic do dh'oileanaich leis na cosgaisean bith-beò, cìsean oideachais no cosgaisean co-cheangailte ri prògraman foghlaim làn-thìde, fad-ùine, foirmeil no creidseach san RA no thall-thairis. Airson barrachd fiosrachaidh air ionmhas oileanaich ann an Alba, rachaibh gu: [Fiosrachadh Oileanaich Alba](#).

## An urrainn dhomh cuir a-steach gu VACMA gus taobh ùr den chleachdadh agam a leasachadh?

'S urrainn, 's e adhbhar an sgeama VACMA seo gus taic a chumail ri luchd-ealain agus luchd-ciùird anns an leasachadh cruthachail agus proifeiseanta aca. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach beachdan is pròiseasan ùra a chur gu deuchainn. Bu chòir dhuibh ge-tà a bhith a' mineachadh ciamar a tha a' gnìomhachd a tha sibh a' moladh co-cheangailte ris an obair a rinn sibh roimhe. Ma tha sibh a' cur a-steach airson taic gus earrann ùr den chleachdadh agaibh a leasachadh (m.e. ma tha sibh nur neach-peantaidh ag iarraidh obair ìomhaighean gluasadach a leasachadh) bu chòir dhuibh mineachadh carson. Faodaidh e a bhith na chuideachadh dhan phannal a bhith a' tuigsinn ceann-uidhe ur n-obrach ma chuireas sibh dealbhan na chois de dheuchainneachd.

Ma tha sibh a' cur a-steach airson taic ann a bhith a' stiùireadh a' chleachdadh agaibh ann an dòigh ùr (m.e. mas e neach-ealain a th' annaibh a tha a' leasachadh cleachdadh chiùird no a chaochladh), bidh e na chuideachadh dhan phannal a bhith a' tuigsinn gun gabh na tha sibh a' moladh a dhèanamh le bhith a' cur beagan deuchainneachd na chois. Is dòcha gum biodh sibh airson beachdachadh cuideachd air cur a-steach airson bursaraidh tràth-dhreuchd, fiù 's ma tha sibh stèidhichte ann am meadhan eile, gus nàdar an raoin ùir seo de chleachdadh a nochdadh. Thoiribh fa-near gur e adhbhar nam bursaraidhean seo taic a chumail ri leasachadh na h-obrach agaibh an-dràsta seach atharrachadh dreuchd.

## Am faod mi cuir a-steach airson pròiseact co-obrachail le neach-ealain eile?

Faodaidh sibh iarrtas a chur a-steach gus obair còmhla ri neach-ealain eile. Ma tha sibh a' cur co-mholadh a-steach feumaidh cuideigin a bhith aig an stiùir. Air ìre phractaigeach tha seo a' ciallachadh gum faigheadh iad is gun stiùireadh iad fhèin na maoinean.

Ma tha sibh a' cur a-steach iarrtasan fa leth (dhan aon sgeama no sgeamaichean diofraichte) gus na cosgaisean agaibh fhèin a mhaoineachadh, bu chòir dhuibh measadh a dhèanamh air na cunnartan a thaobh na dòigh-obrach seo agus mineachadh air a' bhuidhe a bheireadh e mura shoirbhicheas le fear de na h-iarrtasan.

## Am faod mi cuir a-steach do VACMA airson gnìomhachd a tha taobh a-staigh pròiseact nas motha?

Faodaidh sibh a chur a-steach do VACMA airson gnìomhachd a tha taobh a-staigh pròiseact nas motha. Ach, feumaidh sibh a bhith soilleir mun gnìomhachd dhan toir bursaraidh VACMA taic agus mar a bhios e na bhuannachd dhan leasachadh chruthachail agaibh.

## Am bu chòir dhan phròiseact agam a bhith a' tachairt ann an Alba?

Ged a dh'fheumas luchd-iarrtais a bhith stèidhichte ann an Alba, faodaidh am pròiseact tachairt an àite sam bith. Ma tha siubhal taobh a-staigh na RA no thall-thairis an lùib a' mholaidh agaibh, bu chòir dhuibh innse dhuinn mar a bheachdaicheas sibh air agus mar a lughdaicheas sibh buaidh air na h-àrainneachd tron phlanadh agaibh.

## Am faod mi am bursaraidh a chleachdadh gus uidheamachd is stuthan a cheannach?

Faodaidh sibh bursaraidh VACMA a chleachdadh gus uidheamachd is stuthan a cheannach cho fad 's as urrainn dhuibh mìneachadh gu soilleir mar a bheir iad seo taic do leasachadh cleachdaidh chruthachail agus mar a bheir iad comas dhuibh deuchainn leotha. Ma tha ceannach uidheamachd ùr airson 's gum bi an cleachdadh agaibh nas ion-obrachail no nas èifeachdaiche gu coimeirsealta, cha bhi e na phrìomhachas airson taic.

Ma tha an uidheamachd/na stuthan a' cosg barrachd na ìre a' bhursaraidh dhan do chuirear a-steach, feumaidh sibh mìneachadh cò às a tha a' chòrr den bhuidseat a' tighinn agus measadh a dhèanamh air a' chunnart a bhiodh timcheall air seo.

## An urrainn dhomh cur a-steach airson maoinen gus obair a thaisbeanadh, leithid cosgaisean frèamaidh is canabhais?

Tha VACMA ga dhealbhadh gus taic a chumail ri leasachadh cruthachail is deuchainneachd. Chan eil iarrtasan a tha airson cosgaisean frèamaidh is taisbeanadh a-mhàin ion-roghnach.

## An urrainn dhomh cur a-steach gus làrach-lìn a dhèanamh no airson gnìomhachdan margaidheachd?

Chan eil iarrtasan a tha a' cuimseachadh a-mhàin air margaidheachd is cosgaisean làraich-lìn ion-roghnach airson taic. Thathar a' meas ion-roghnach iarrtasan sa bheil beagan chosgaisean margaidheachd is làraich-lìn mar phàirt de phròiseact/gnìomhachd nas fharsainge, ach bu chòir dhaibh cuimseachadh air leasachadh a' chleachdaidh chruthachail agaibh. Chan eil e coltach gum bithear a' meas iarrtasan a tha a' cuimseachadh a-mhàin air gnìomhachd adhartachaidh mar phrìomhachas.

## An urrainn dhomh cuir a-steach do VACMA gus taic a chumail ri cosgaisean tòiseachaidh no leasachadh a' gnìomhachais agam?

Cha toir VACMA taic do chosgaisean a tha co-cheangailte ri tòiseachadh is leasachadh gnìomhachais. Bu chòir do dhaoine fa leth a tha a' sireadh taic gus a' gnìomhachd aca a thòiseachadh no a leasachadh a dhol gu [Business Gateway](#).

## An urrainn dhomh cuir a-steach airson bursaraidh VACMA gus iarrtas a dhèanamh airson na Maoin Fosgailte do Dhaoine fa Leth?

Tha VACMA ga dhealbhadh gus taic a chumail ri leasachadh cruthachail is deuchainneachd. Cha toir e taic do neach fa leth gus iarrtas maoin eachaidh a dhèanamh airson maoin Alba Chruthachail eile. Ach, gabhaidh VACMA a chleachdadh gus beachdan no modhan deuchainn a chruthachadh a dh'fhaodadh sibh leasachadh barrachd an uair sin bho mhaoin Alba Chruthachail eile, leithid [a' Mhaoin Fosgailte do Dhaoine fa Leth](#)

## **An urrainn dhomh cuir a-steach airson VACMA airson taic gus pròiseact coimhearsnachd a libhrigeadh ma tha cleachdadh com-pàirteach agam?**

Cha beachdaich sinn ach air pròiseactan coimhearsnachd a tha air am fèin-tòiseachadh agus nam pàirt de chleachdadh ealain a tha an sàs gu sòisealta no com-pàirteachail. Ri linn adhbhar na maoin seo, feumaidh iarrtasan a shealltainn mar a bheir am pròiseact/gnìomhachas buaidh air an leasachadh cruthachail is proifeasanta agaibh.

Chan eil iarrtasan airson maoinachadh gus pròiseact coimhearsnachd no foghlaim a libhrigeadh às leth buidheann ion-roghnach airson taic.

## **A bheil na sgeamaichean meantoraidd a' ruith am bliadhna?**

Chaidh stad a chur air na sgeamaichean meantoraidd ri linn COVID-19. Ach, leanaidh sinn oirnn ag ath-sgrùdadh seo agus is dòcha gun toir sinn a-staigh iad a-rithist san àm ri teachd. Nam faigheadh sibh buannachd bho mheantoradh, faodaidh sibh am bursarsaidh a chleachdadh gus seo a chur air dòigh dhuibh fhèin.

## **An urrainn do luchd-dealbhadh is dealbhaichean-grafaigeach a chur a-steach do VACMA?**

Faodaidh luchd-dealbhadh is dealbhaichean-grafaigeach as urrainn dearbhadh gu bheil iad ri cleachdadh fèin-stiùirichte agus gu bheil eòlas air a bhith a' taisbeanadh an cuid obrach taobh a-staigh co-theacsa ealain no ciùird iarrtas a chur a-steach gu VACMA. Ach, leis gu bheil a' mhaoin seo a' cuimseachadh air ealain lèirsinneach is ciùird is dòcha nach bithear gur meas mar phrìomhachas airson taic.

## **Am bi VACMA a' cumail taic ri ciùird-dualchais?**

Tha sgilean ciùird thraidiseanta is dualchais cudromach air sgàth 's an toraidh chruthachail aca agus an ceangail ri dualchas cultarach nach gabh a bhuntainn ris agus bu chòir taic a chumail riutha is an cumail tèarainte. Tha VACMA a' cumail taic ri pròiseactan ciùird traidiseanta/dualchais sa bheil eileamaid leasachaidh. Feumaidh luchd-iarrtais shealltainn gu bheil iad a' leasachadh an cuid sgilean no a' cruthachadh obair ann an dòighean ùra no innleachdach. Cha bhi VACMA a' cumail taic ri pròiseactan a tha a' cuimseachadh a-mhàin air ath-chruthachadh nithean no dealbhaidhean a tha am bith.



ALBA | CHRUTHACHAIL

Waverley Gate  
2-4 Waterloo Place  
Edinburgh EH1 3EG  
Scotland UK

[www.creativescotland.com](http://www.creativescotland.com)  
[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)



August 2025